

Higher Gaelic (Learners) Talking - Employability - Work

Colin and teacher Mrs MacKay talk about the world of work.

Mrs MacKay: Am bi thu fhèin ag obair?

Colin: Bithidh. Tha obair phàirt-ùine agam còmhla ri bràthair m' athar. 'S e tuathanach a th' ann agus bidh mi a' cuideachadh air an tuathanas aige. Bidh mi ag obair Disathairne agus Didòmhnaich. Bidh mi ag obair leis na beathaichean agus a' glanadh na bàthcha.

Mrs MacKay: A bheil an obair a' còrdadh riut?

Colin: Tha i a' còrdadh rium gu mòr. Tha mi air mòran sgilean ionnsachadh ag obair còmhla ri m' uncail. Tha mi a' faireachdainn nas làidire. Bidh mi ag obair air mo cheann fhèin glè thrì. Feumaidh mi èirigh tràth agus feumaidh mi a bhith ag obair a-muigh anns gach seòrsa sìde.

Mrs MacKay: Cuin a bhios tu a' tòiseachadh?

Colin: Bidh mi a' tòiseachadh aig sia uairean sa mhadainn. Bidh mi ag èirigh mu leth-uair an dèidh còig. Chan eil e furasta, ach tha mi cleachdte ris.

Mrs MacKay: Cuin a bhios tu ag èirigh airson na sgoile sa mhadainn?

Colin: [Laughs] Tha mi cho leisg! Cairteal gu h-ochd mar as trice!

Mrs MacKay: [Laughs] Obh, obh! Am bu toigh leat a bhith nad thuathanach nuair a bhios tu nas sine?

Colin: Bhithinn toilichte nam thuathanach ach b' fheàrr leam a bhith nam thidsear-ciùil. Is fìor thoigh leam a bhith ag obair còmhla ri daoine òga agus tha mi a' smaoineachadh gum bithinn math air teagasg. Rinn mi obair aig Fèis na Sgìre a' teagasg an fheadain. Bha seo math airson mo sgilean conaltraidh a leasachadh cuideachd.

Mrs MacKay: An d' fhuair thu pàigheadh?

Colin: Fhuair. Cha robh an t-airgead dona ach bha na làithean fada. Bhiodh sinn a' cluich aig consairtean agus cèilidhean air an oidhche. Tha ùidh mhòr agam ann an ceòl ge-tà agus mholainn an obair do dhaoine òga le ùidh ann an ceòl cuideachd.

Mrs MacKay: Càit am b' fheàrr leat a bhith ag obair?

Bitesize

Colin: Chan eil fhios agam fhathast. Chòrdadh e rium a bhith ag obair air a' Ghàidhealtachd. B' urrainn dhomh croit fhaighinn ach 's dòcha gum biodh e doirbh obair fhaighinn ann an sgoil. Bhiodh Glaschu ceart gu leòr. An robh sibh daonnan ag iarraidh a bhith nur tidsear Gàidhlig?

Mrs MacKay: Bha. Bha ceum agam ann an Gàidhlig agus bha mi ag iarraidh an cànan a theagasg do dhaoine òga.

Colin: A bheil tuarastal math ann airson tidsearan?

Mrs MacKay: Chan eil e dona ach tha mòran obrach na lùib. Tha làithean-saora matha ann ach tha thu feumach orra. A-nis, càit an deach thu air na làithean-saora mu dheireadh agad?